

Stiùireadh-iarrtais Buidhnean Com-pàirteach Lìbhrigidh Bhòrd na Gàidhlig 2024-29 Bòrd na Gàidhlig Delivery Partner 2024-29 Application Guidelines

Mu dheidhinn na Maoine

Tha Bòrd na Gàidhlig ag amas air taic a chumail ri bhuidhnean cudromach mar Bhuidhnean Com-pàirteach Lìbhrigidh airson nan 5 bliadhna ri thighinn, airson taic a chumail ri amasan Plana Chorporra Bhòrd na Gàidhlig 2023-2028 agus am Plana Nàiseanta Gàidhlig 2023-2028.

About the Fund

Bòrd na Gàidhlig are looking to support key organisations as Delivery Partners for the upcoming 5 years, to help deliver the aims of Bòrd na Gàidhlig's Corporate Plan 2023-2028 and the National Gaelic Language Plan 2023-2028.

Cò dha a tha an sgeama seo?

Tha a' mhaoin fosgailte do bhuidhnean le cuireadh a-mhàin, leis an fheadhainn a gheibh cuireadh a' gabhail a-steach Com-pàirtichean Lìbhrigidh Bhòrd na Gàidhlig eadar 2019 agus 2022, agus buidhnean eile a tha air gealltanasan maoineachaidh fad-ùine fhaighinn roimhe seo.

Mar as trice bidh buidhnean a gheibh cuireadh mar an fheadhainn a bhios a' fastadh grunn luchd-obrach a tha ag obair tro mheadhan na Gàidhlig agus a dh'fheumas maoineachadh bliadhna de £50,000 no barrachd.

Tha còir aig Bòrd na Gàidhlig cuireadh a thoirt do bhuidheann sam bith airson an sgeama seo, agus ma tha a' bhuidheann agaibh airson bruidhinn mu dheidhinn seo nach cuir sibh fios gu Steven Kellow, Oifigear Maoineachaidh is Phròiseactan, aig stevenk@gaidhlig.scot

Who is this scheme for?

The fund is open to organisations by invitation only, with those being invited including Bòrd na Gàidhlig Delivery Partners between 2019 and 2022, and other organisations who have previously received long-term funding commitments.

Organisations that are invited will be typically those that employ multiple members of staff who work through the medium of Gaelic and require annual funding of £50,000 or more.

Bòrd na Gàidhlig reserves the right to extend invitations to any organisation for this scheme, and if your organisation wishes to discuss this please contact Steven Kellow, Funding and Projects Officer, at stevenk@gaidhlig.scot

Riaghailtean

Bheir an sgeama taic do raon farsaing de dh'obair leasachaidh Gàidhlig a tha a' gabhail àite mar thaic do Phlana Corporra 2023-28 Bhòrd na Gàidhlig agus do Phlana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig.

Clàr-ama

Faodaidh a' bhuidheann agaibh cur a-steach airson taic suas ri 5 bliadhnaichean-ionmhais (a' ruith eadar Giblean is Màrt) eadar 1 Giblean 2024 is 31 Màrt 2029.

Chan eil e riatanach gum bi a' bhuidheann agaibh a' cur a-steach airson taic airson loidhne-tim iomlan an sgeama, agus bidh cothrom aig an fheadhainn a chuireas a-steach

What can the scheme support?

The scheme will support a wide variety of Gaelic development work that takes place in support of Bòrd na Gàidhlig's Corporate Plan 2023-28 and the National Gaelic Language Plan.

Timeframe

Your organisation can apply for support for up to 5 financial years (running between April and March) between 1 April 2024 up to 31 March 2029.

It is not essential that your organisation applies for support for the full timeline of the scheme, and if you apply for a shorter timeframe you will have the

airson ùine nas giorra tagradh a-rithist airson maoinachadh sna bliadhnaichean-ionmhais ri teachd suas gu Màrt 2029.

Tha e cudromach a thoirt fa-near, leis gu bheil Bòrd na Gàidhlig air a mhaoinachadh le tabhartas-cuideachaidh bho Riaghaltas na h-Alba gach bliadhna, ged a thèid maoinachadh ioma-bliadhna a thabhan do thagraidhean soirbheachail, gum bi maoinachadh a tha nas fhaide na Màrt 2025 le ùmhlachd do Bhòrd na Gàidhlig a' faighinn tabhartas-cuideachaidh bho Riaghaltas na h-Alba aig an aon ìre 's a bha e sa bhliadhna-ionmhais 2024/25 agus adhartas na buidhne agaibh gu ruige seo ann a bhith a' coileanadh bhuilean.

Ìrean maoinachaidh

Tha an sgeama ri fhaighinn do bhuidhnean a bhios a dhìth air taic-airgid de £50,000 gach bliadhna no nas àirde na sin.

Faodaidh an t-sùim a thathar ag iarraidh anns gach bliadhna-ionmhais a bhith eadar-dhealaichte, a rèir feumalachdan na buidhne agaibh.

Tha Bòrd na Gàidhlig ag obair leis a' bharail nach bi àrdachadh sam bith air a' bhuidseat againn airson 2024/25 air adhart, agus mar sin tha coltas ann gum fuirich am buidseat iomlan a tha ri fhaotainn airson taic do Chom-pàirtichean Libhrigidh aig mu £2 millean sa bhliadhna-ionmhais.

Thathar ag iarraidh air tagraichean iarrtas a chur a-steach airson na sùim a tha iad a' creidsinn a bheir cothrom dhaibh an cuid obrach a chrìochnachadh taobh a-staigh frèam-ama an sgeama, ach chan eil e coltach gun toir Bòrd na Gàidhlig àrdachadh mòr ann an tabhartasan seachad air ìrean 2023/24 do gach buidheann.

Ma tha a' bhuidheann agaibh ag iarraidh àrdachadh air na h-ìrean maoinachaidh a tha sibh a' faighinn an-dràsta, no ag iarraidh barrachd maoinachaidh ann am bliadhnaichean-ionmhais eadar-dhealaichte mar phàirt de na tagraidhean aca, feumaidh dearbhadh **làidir** a bhith ann san àrdachadh ann an luach an airgid airson sin a dhèanamh.

Cleachdadh na Gàidhlig

Bheir an sgeama seo taic do bhuidhnean agus raointean obrach a tha air an libhrigeadh gu sònraichte tro mheadhan na Gàidhlig.

opportunity to re-apply in future financial years for funding up to March 2029.

It is important to note that due to Bòrd na Gàidhlig being funded by grant-in-aid from the Scottish Government on an annual basis, that while successful applications will be offered funding on a multi-year basis, that funding beyond March 2025 will be subject to Bòrd na Gàidhlig receiving grant-in-aid from the Scottish Government at the same level as in the 2024/25 financial year and your organisation's progress to-date in achieving outcomes.

Funding levels

The scheme only applies to organisations requiring assistance of £50,000 per year and above.

The sum applied for in each financial year can be different, depending on the needs of your organisation.

Bòrd na Gàidhlig is operating on the assumption that there will be no uplift to our budget for 2024/25 onwards, therefore it is likely that the total budget available for support towards Delivery Partners will remain at around £2 million per financial year.

Organisations are encouraged to apply for the sum that they believe will best allow them to complete their work in the timeframe of the scheme, however it is unlikely that Bòrd na Gàidhlig can provide a significant uplift in grants beyond 2023/24 levels to all organisations.

If your organisation is requesting an uplift on existing funding levels, or requesting increased funding in different financial years as part of your application, there must be a **strong** demonstration in the increase of value for money for doing so.

Gaelic use

This scheme will support organisations and work areas that are primarily delivered through the medium of Gaelic.

Feumaidh Gàidhlig a bhith air a meas na buannachd dhan h-uile dreuchd a tha air a mhaoinachadh le taic bhon sgeama seo a bhith co-dhiù , agus tha sinn an dùil gum bi a' mhòr-chuid den obair air an tèid iarrtas a libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig le daoine a tha fileanta sa Ghàidhlig.

Aithne don Taic

Mar bhuidheann phoblach, tha e cudromach dhuinn gu bheil fios aig a' phoball air mar a tha sinn a' cleachdadh ar cuid airgid, is mar sin tha e cudromach gu bheil a' bhuidheann agaibh ag aithneachadh gun tug Bòrd na Gàidhlig taic-airgid dhan bhuidhinn agaibh far a bheil sin iomchaidh.

Bidh sinn a' faighneachd san fhoirm-iarrtais mar a bhios sibh an dùil seo a dhèanamh tron phròiseact ma tha an t-iarrtas agaibh soirbheachail agus feumaidh sibh fianais a chur thugainn san aithisg dheireannaich air mar a tha sibh air an taic-airgid againn aithneachadh.

Airson tuilleadh fiosrachaidh, nach toir sibh sùil air an [Stiùireadh Aithneachaidh](#) is [Stiùireadh Brann](#) air an làrach-lìn againn.

All roles funded by support from this scheme **must** be at least Gaelic-desirable, and it is our expectation that the vast majority of the work applied for is delivered through the medium of Gaelic by fluent Gaelic speakers.

Acknowledgment

As a public body it's important to us that the public know where our funding is spent, and that's why it's important that your organisation acknowledges where appropriate that Bòrd na Gàidhlig provided funding for your group.

We'll ask you in the application how your organisation will acknowledge our support throughout your work and if your application is successful and you must evidence how you have acknowledged our support in your progress reports.

For further information please read our [Acknowledgement Guidance](#) and our [Brand Guidance](#) on our website.

Raointean-obrach

Fiosrachadh mun bhuidhinn

Iarraidh sinn fiosrachadh bunaiteach mun bhuidhinn agus an luchd-obrach agaibh gus làn thuigse fhaighinn air farsaingeachd an tagraidh.

Gu sònraichte, tha sinn ag iarraidh oirbh plana ghnìomhachais a chur a-steach a tha sibh an dùil a bhith beò airson co-dhiù fhad 's a tha sibh ag iarraidh maoinachadh.

A' cur taic ri amasan Bhòrd na Gàidhlig

Thèid faighneachd dhuibh ciamar a bheir a' bhuidheann agaibh taic do dh'amasan Bhòrd na Gàidhlig san fharsaingeachd agus a chuireas riutha mar Chom-pàirtiche Libhrigidh, agus thèid faighneachd dhuibh cuideachd mu na h-amasan sònraichte a th' againn airson Com-pàirtichean Libhrigidh a bhios a' gabhail a-steach:

A' togail dàimhean le coimhearsnachdan

Mar a bhios sibh ag obair le coimhearsnachdan a bhios tu a' frithealadh gus seirbheisean a cho-leasachadh, na feumalachdan aca a choileanadh agus fios air ais fhaighinn mun obair agaibh.

What information do we need to provide?

Organisational information

We will ask for basic information about your organisation and staff to get a full understanding of the scope of the application.

In particular, we require you to submit a business plan that you propose will be active for at least the duration for which you are requesting funding.

Supporting the aims of Bòrd na Gàidhlig

You will be asked how your organisation will support the aims of Bòrd na Gàidhlig in general and contribute to them as a Delivery Partner, and also asked about specific aims we have for Delivery Partners which will include:

Community Engagement

How you work with communities that you serve to co-develop services, meet their needs and gain feedback on your work.

Ùr-ghnàthachas

Mar a leasaicheas sibhu an dòigh sa bheil sibh ag obair agus a dhèiligeas sibh ri deagh chleachdadh san roinn agaibh thairis air ùine an aonta.

Obair Com-pàirteachais

Mar a tha dùil agad a bhith ag obair le Com-pàirtichean Libhrigidh eile agus buidhnean Gàidhlig gus goireasan a cho-roinn agus seirbheisean a libhrigeadh còmhla.

Raointean obrach

Tha an t-iarrtas air a structaradh timcheall air raointean obrach, a tha nan sruthan sònraichte de dh'obair leasachaidh a bhios buidheann a' gabhail os làimh airson na Gàidhlig agus dha bheilear a' sireadh maoineachadh bho Bhòrd na Gàidhlig.

Feumaidh sibh tagradh a dhèanamh airson co-dhiù 1 raon obrach, agus suas ri 5 raointean obrach. Ma dh'fhaodadh barrachd air 5 raointean obrach a bhith air an comharrachadh, bu chòir iad sin a bhith air an cruinneachadh gu loidsigeach gus freagairt air crìoch nan 5 raointean obrach.

Airson gach raon obrach, feumar cunntas a thoirt air an obair, còmhla ri fiosrachadh air na goireasan a tha a dhith (leithid luchd-obrach, buidseat) agus suas ri 3 builean a thèid a choileanadh ma thèid na nithean a ghabhas a libhrigeadh a choileanadh. Thèid iarraidh oirbh cuideachd innse dhuinn mar a bhios sibh an dùil ri adhartas leis na builean seo a thomhas is dè a' bhuidheann a bhios aig na builean air cleachdadh is ionnsachadh na Gàidhlig ma tha sibh soirbheachail.

Tha e cudromach cuimhneachadh nuair a thathar a' sireadh builean gu bheil sinn ag iarraidh air buidhnean beachdachadh air mar as urrainn don obair seo aca eadar-dhealachadh a ghabhas tomhas a dhèanamh a thaobh cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig, agus mineachadh mar a thomhaiseas iad seo, agus nach eil sinn a' sireadh grunn rudan thoirt seachad.

Mar eisimpleir, seach targaid leithid "100 daoine òga an sàs ann an seiseanan", thathar a' sireadh buil mar "Àireamh nas àirde de chlann ag aithris gu bheil iad a' cleachdadh na Gàidhlig gu làitheil taobh a-muigh na sgoile às dèidh dhaibh pàirt a ghabhail ann an seiseanan". Bidh tuilleadh sgrùdaidh a dhìth leis a seo ro-làimh is às dèidh làimh air cleachdadh na Gàidhlig airson atharrachadh fhaicinn.

Innovation

How you will develop the way you work and respond to best practice in your sector over the course of the agreement.

Partnership Working

How you intend to work with other Delivery Partners and Gaelic organisations to share resources and deliver services together.

Work areas

The application is structured around work areas, which are discrete streams of development work that an organisation undertakes for Gaelic for which funding is sought from Bòrd na Gàidhlig.

You must apply for at least 1 work area, and up to 5 work areas. If over 5 work areas could be identified, these should be logically grouped to fit within the 5 work area limit.

For each work area, a description of the work must be provided, along with information on the resources required (such as staff, budget) and up to 3 outcomes that you hope to achieve. You will also be asked to let us know how you expect to measure the achievement of these outcomes and what impact the outcomes will have on Gaelic usage and learning if you are successful.

It is important to note that when we are seeking outcomes, rather than seeking a target for the amount or level of work completed, we require organisations to consider how their work can make a measurable positive change in terms of Gaelic usage and learning, and to explain how they will measure this.

For example, rather than a target such as "100 young people involved in sessions", we are looking for an outcome such as "An increased number of children reporting daily Gaelic usage outwith school after taking part in sessions". This would require measuring before and after sessions the use of Gaelic by participants to observe a change.

Bidh tuilleadh obair sgrùdaidh, thairis air clàr-ama nas fhaide (mar as trice ron obair agus às dèidh na h-obrach agaibh) an taca ri targaidean a th' agaibh an-dràsta, ach bidh iad seo a' toirt seachad tomhas nas cudromaiche air buaidh na h-obrach agaibh is mar a bhios seo a' cur ri fàs ann an cleachdadh is ionnsachadh na Gàidhlig.

Ionmhas

Anns an tagradh agad thèid iarraidh oirbh an dà chuid pro-forma ionmhais agus buidseat a chur a-steach (air a leasachadh airson nam feumalachdan gnìomhachais agaibh fhèin) airson nam bliadhnaichean a tha sibh a' sireadh maoinachaidh.

Leigidh am pro-forma leibh mion-fhiosrachadh a thoirt seachad mu chosgaisean iomlan na h-obrach agaibh, agus comharraichidh e airson diofar raointean obrach an teachd a-steach agus an caiteachas ris a bheil dùil. Leigidh seo le Bòrd na Gàidhlig coimeas a dhèanamh eadar diofar bhuidhnean mun ìre maoinachaidh a thathar ag iarraidh.

Tha sinn cuideachd ag iarraidh oirbh buidseat a chur a-steach nur cruth fhèin, gus tuigse fhaighinn air a' cheangal eadar am plana gnìomhachais agus am buidseat agaibh agus mar a tha sibh am beachd sùil a chumail air cleachdadh buidseit.

Obair Chothromach

Feumaidh buidhnean a tha a' faighinn maoinachadh poblach ann an Alba cumail ri poileasaidh Obair Chothromach aig Riaghaltas na h-Alba, agus mar sin **feumaidh** iad:

- Co-dhiù am fìor Thuarastal Beò a phàigheadh; agus
- Dòighean iomchaidh airson guth luchd-obrach èifeachdach, leithid aithneachadh aonaidhean-ciùird, a chruthachadh

Agus thathar gam brosnachadh gu làidir:

- Tasgadh ann an leasachadh luchd-obrach
- Dèan gnìomh gus dèiligeadh ris a' bheàrn pàighidh gnè agus cruthaich àite-obrach nas eadar-mheasgte agus nas in-ghabhalach
- Thoir seachad cleachdaidhean obrach sùbailte agus càirdeil do theaghlaichean don luchd-obrach air fad bhon chiad latha den obair; agus
- Cuir an aghaidh cleachdadh cur mu sgaoil agus ath-fhastadh

Thèid iarraidh oirbh mar phàirt den tagradh agus an aithris agaibh dearbhadh gu bheil sibh a' cumail ris a'

These outcomes will require further evaluation work, and over a longer period of time (typically before and after your work takes place), than most targets at present, however these will provide a more important measurement of the impact of your work and how it contributes to growing the usage and learning of Gaelic.

Finance

In your application you will be asked to submit both a finance pro-forma and a budget (developed for your own business needs) for the years that you are seeking funding.

The pro-forma will allow you to detail the total costs of your work, and highlight for different work areas the income and expenditure expected. This will allow Bòrd na Gàidhlig to compare between different organisations the level of funding requested.

We are also asking you to submit a budget in your own format, to understand the relationship between your business plan and budget and how you intend to monitor budget utilisation.

Fair Work

Organisations in receipt of public funding in Scotland are required to adhere to the Scottish Government's Fair Work First policy, and as such **must**:

- Pay at least the real Living Wage; and
- Provide appropriate channels for effective workers' voice, such as trade union recognition

And are strongly encouraged to:

- Invest in workforce development
- Take action to tackle the gender pay gap and create a more diverse and inclusive workplace
- Offer flexible and family-friendly working practices for all workers from day one of employment; and
- Oppose the use of fire and rehire practice

You will be asked as part of your application and reporting to confirm that you are adhering to the policy and provide evidence of doing so.

phoileasaidh agus fianais a thoirt seachad gun do rinn sibh sin.

[Tha tuilleadh stiùiridh air mar a bu chòir poileasaidh Obair Chothromach a chur an gnìomh an seo.](#)

Àrainneachd, Co-ionannachd, Iomadachd & Inghabhalachd

Tha dleastanasan aig Bòrd na Gàidhlig gus deagh chleachdadh a chur air adhart ann a bhith:

- A' lùghdachadh buaidh air an àrainneachd
- A' brosnachadh co-ionannachd chothroman do dhaoine le feart dìonta a rèir Achd Co-Ionannachd 2010
- A' brosnachadh chothroman do dhaoine òga a tha, no a tha air a bhith, ann an cùram a rèir Achd na Cloinne is nan Daoine Òga (Alba) 2014

Bu mhath leinn gum bi na buidhnean is pròiseactan a tha a' faighinn maoinachadh bhuan cuideachd a' cur ris na h-amasan seo, is bidh sinn ag iarraidh oirbh san fhoirm-iarrtais mar a tha sibh an dùil gum bi am pròiseact agaibh a' dèanamh seo.

Airson tuilleadh fiosrachaidh, nach leugh sibh fiosrachadh tro na ceanglaichean gu h-ìosal:

- [Fiosrachadh air àireamhachadh is lùghdachadh eimiseanan carbon bho Creative Carbon Scotland](#)
- [Fiosrachadh mu na feartan dìonta a rèir Achd Co-Ionannachd 2010](#)
- [Mu dheidhinn Pàrantan Corporra agus cumail taic ri clann a tha air a bhith ann an cùram](#)

A' cur iarrtas a-steach

Bu chòir dhuibh iarrtas a chur a-steach tro phortal iarrtasan Fluxx aig bng.fluxx.io. Faodaidh sibh cunntas a chruthachadh saor 's an-asgaidh air an làrach-lìn sin is tha e comasach an t-adhartas agaibh leis an iarrtas a shàbhaladh fhad 's a tha sibh ag obair air. Faodaidh sibh gach faidhle-taic a chur a-steach tron phortal.

Dùnaidh portal nan iarrtasan aig **3f air Dihaoine 29 Sultain 2023** agus cha bhi e comasach iarrtas a chur a-steach às dèidh a' chinn-uidhe sin.

Tha liosta de na cheistean anns am foirm-iarrtais ri fhaighinn air an [làrach-lìn againn an seo](#).

[Further guidance on how to implement the Fair Work First policy is available here.](#)

Environment, Equalities, Diversity & Inclusion

Bòrd na Gàidhlig has a responsibility to promote good practice in:

- Reducing impact on the environment
- Promoting equality of opportunity for those with a protected characteristic under the Equalities Act 2010
- Promoting opportunities for young people who are, or have been, in care under the Children and Young People (Scotland) Act 2014

We would like the organisations and projects that we fund to also consider how their work can contribute to these aims and will ask in the application form how your proposed project will seek to do so.

For further information, please consult the links below:

- [Information on how to calculate and reduce carbon emissions via Creative Carbon Scotland](#)
- [Information about the protected characteristics under the Equalities Act 2010](#)
- [About Corporate Parenting and supporting care-experienced young people](#)

Submitting an application

Applications should be submitted via our Fluxx application portal at bng.fluxx.io. An account can be registered for free on the website and it is possible to save the progress of an application whilst working on it. All supporting documents can be submitted via the portal.

The application portal will close at **3pm on Friday 29 September 2023** and it will not be possible to submit an application after this date.

A list of the different questions included in the application form [is available on our website here](#).

Ma tha duilgheadasan sam bith agaibh leis a' phortal no ma tha ceistean sam bith agaibh a thaobh an iarrtais nach cuir sibh post-d thugainn aig tabhartas@gaidhlig.scot.

Nuair a tha sibh a' cur an iarrtais a-steach, feumaidh sibh na **faidhlichean-taic riatanach** a leanas a chur còmhla ris:

- Bonn-stèidh no Meòrachan agus Artaigilean Companaidh
- Aithisg/Cunntasan Bliadhnail mu dheireadh
- Poileasaidh Dion Chloinne no Barantachaidh
- Liosta de Bhuill a' Bhùird no Comataidh
- Dearbhadh air poileasaidhean àrachas na buidhne
- Poileasaidh Gàidhlig
- Poileasaidh co-ionannachd chothroman no Poileasaidh Co-ionannachd, Iomadachd is Inghabhaltachd
- Poileasaidh no aithris àrainneachd
- Poileasaidh dìon chloinne/barantachaidh (far a bheil sibh ag obair le clann no daoine so-leònte)

Mura h-eil na sgrìobhainnean a bharrachd a tha a dhìth air an cur a-steach còmhla ri iarrtas bidh an t-iarrtas neo-cheadaichte agus cha tèid a mheasadh.

If you have any issues with the portal or have any questions about the application please email us at tabhartas@gaidhlig.scot.

When submitting your application, you must include the **required supporting documents**, as follows:

- Constitution or Memorandum and Articles of Association
- Most recent annual report & accounts
- Child Protection or Safeguarding Policy
- List of board or committee members
- Confirmation of the organisation's public liability insurance
- Gaelic policy
- Equal opportunities policy or Equalities, Diversity and Inclusion policy
- Environmental policy or statement
- Child protection/safeguarding policy (if you work with children or vulnerable people)

Applications which do not provide the required supporting documents will be declared ineligible and will not be assessed.

Pròiseas measaidh iarrtasan

Gheibh sibh post-d fèin-obrachail bhon phortal Fluxx a' dearbhadh gun d' fhuair sinn an t-iarrtas agaibh. Mura h-eil sibh air seo fhaighinn, dèanaibh cinnteach gu bheil sibh air an iarrtas agaibh a chur a-steach is nach eil sibh dìreach air a shàbhaladh.

Às dèidh a' chinn-uidhe airson iarrtasan a chur a-steach, thèid sgrùdadh a dhèanamh air iarrtasan le oifigearan Bhòrd na Gàidhlig gus dearbhadh gu bheil iad a' leantainn riaghailtean na maoinne agus gu bheil iad a' toirt seachad an fhiosrachaidh a tha a dhìth. Ma thathar den bheachd nach eil an t-iarrtas agaibh ceadaichte, thèid iarraidh oirbh seo a chur ceart taobh-a-staigh 10 làithean-obrach, no thèid an t-iarrtas agaibh a dhiùltadh.

Thèid gach iarrtas ceadaichte a mheasadh le pannal de dh'oifigearan aig Bòrd na Gàidhlig a rèir [an stiùiridh-mheasaidh](#). Dh'fhaodadh gun iarr Bòrd na Gàidhlig tuilleadh fiosrachaidh no mìneachadh air fiosrachadh mu dheidhinn a' phròiseict mar phàirt den phròiseas measaidh, is sinn ag iarraidh gun tig freagairtean air ais thugainn taobh-a-staigh 3 làithean-obrach gus dàil air pròiseasan measaidh a sheachnadh.

Application review process

You will receive an automatic email acknowledgment from the Fluxx portal to confirm that we have received your application. If we have not received it, make sure that you have submitted, and not just saved, your application.

After the closing date for applications, Bòrd na Gàidhlig officers will then screen applications to ensure they comply with the rules of the fund and have provided necessary information. If your application is deemed ineligible, you will be asked to correct this within 10 working days, or your application will be declined.

All eligible applications will be assessed by a panel of Bòrd na Gàidhlig officers according to [the assessment guidance](#). Bòrd na Gàidhlig may request additional information or clarification of project details as part of the assessment process and we request that responses are provided within 3 working days to avoid delays to assessment processes.

Thathas an dùil mar phàirt den phròiseas measaidh gun tèid coinneamhan a chumail leis a h-uile tagraiche gus beachdachadh air an iarrtas aca agus barrachd fiosrachaidh a chruinneachadh mu eileamaidean sònraichte. Thathas an dùil gun tèid na coinneamhan sin a chumail aig deireadh an Dàmhair/tràth san t-Samhain 2023.

Nì oifigearan Bhòrd na Gàidhlig molaidhean don Bhòrd aig a' choinneimh aca san Dùbhlachd 2023, agus às dèidh sin thèid co-dhùnaidhean ann am prionnsapal a chur an cèill do thagraichean a' gabhail a-steach an t-sùim maoineachaidh a thathar an dùil a thabhann, faid nan aontaidhean taic-airgid a thathar an dùil a thabhann agus na builean a thathar an dùil a choileanas buidhnean. Chan e co-dhùnaidhean deireannach a bhios annta seo, agus cha bhi iad nan tairgse maoineachaidh, ach bidh iad sin air an cleachdadh mar bhunait airson conaltradh ri Riaghaltas na h-Alba a thaobh maoineachadh leantainneach Bhòrd na Gàidhlig agus airson còmhraidhean le buidhnean tagraidh mu atharrachaidhean anns na suimean maoineachaidh no builean a chaidh aontachadh.

Thèid co-dhùnaidhean deireannach a dhèanamh leis a' Bhòrd aig a' choinneimh aca sa Mhàrt 2024, leis an amas a' ghnìomhachd maoinichte a thòiseachadh air 1 Giblean 2024.

Mura h-eil buidhnean a tha a' faighinn maoineachadh an-dràsta soirbheachail leis na tagraidhean aca, obraichidh Bhòrd na Gàidhlig gu dlùth leis na buidhnean seo airson taic a chumail ris an obair a tha a' dol aca.

It is expected that as part of the assessment process meetings will be held with all applicants to discuss their application and gather more information on specific elements. It is expected that these meetings will be held in late-October/early-November 2023.

Bòrd na Gàidhlig officers will make recommendations to the Board at their meeting in December 2023, after which in principle decisions will be communicated to applicants including the funding amounts expected to be offered, the duration of funding agreements to be awarded and the outcomes that organisations will be expected to achieve. These will not be final decisions, and will not constitute a funding offer, but these will be used as the basis for engagement with the Scottish Government regarding Bòrd na Gàidhlig's ongoing funding and for discussions with applicant bodies about changes to the funding amounts or outcomes agreed.

Final decisions will be taken by the Board at their meeting in March 2024, with the aim of the funded activity beginning on 1 April 2024.

If organisations that are currently funded are unsuccessful with their applications, Bòrd na Gàidhlig will work closely with these organisations to provide support for their ongoing work.

Iarrtasair soirbheachail

Ma shoirbhicheas leis an iarrtas maoineachaidh agad, thèid litir tairgse a chur thugad tràth sa Ghiblean 2024. Mìnichidh seo an ìre maoineachaidh a chaidh aontachadh agus na cumhaichean a tha buntainneach.

Bidh an litir tairgse an toiseach a' tabhann maoineachadh airson na bliadhna-ionmhais 2024/25 agus a' toirt seachad fiosrachadh ann am prionnsapal air na tabhartasan maoineachaidh ris a bheil dùil airson bliadhnaichean-ionmhais ri teachd, an urra ri taic-airgid a gheibh Bòrd na Gàidhlig a' fuireach aig an aon ìre co-dhiù agus a' bhuidheann agaibh air adhartas soirbheachail a shealltainn a dh'ionnsaigh builean an aonta.

Successful applications

If your funding application is successful, a letter of offer will be sent to you in early April 2024. This will explain the level of funding agreed and the conditions that apply.

The letter of offer will initially offer funding for the 2024/25 financial year and provide information in principle as to the funding awards anticipated for future financial years, dependant on grant-in-aid received by Bòrd na Gàidhlig remaining at least at the same level and your organisation having successfully demonstrated progress towards outcomes in the agreement.

Bidh ath-sgrùdadh a’ gabhail àite as t-fhoghar gach bliadhna-ionmhais gus measadh a dhèanamh air adhartas gu ruige seo a thaobh coileanadh nam builean a chaidh a shuidheachadh san aonta maoineachaidh, agus thèid seo a chur air beulaibh Bòrd na Gàidhlig san Dùbhlachd. Tha sinn a’ glèidheadh na còrach stad a chur air aontaidhean maoineachaidh mura coilean sibh na builean agus na cumhachan a tha air am mìneachadh san aonta maoineachaidh agad.

Thèid duaisean airson bliadhnaichean ionmhais nas fhaide na 2024/25 a dhearbhadh sa Mhàrt ron bhliadhna ionmhais sin, às dèidh aonta bho Bhòrd na Gàidhlig agus dearbhadh air buidseat Bhòrd na Gàidhlig airson na bliadhna-ionmhais a tha ri thighinn.

Sgrùdadh, measadh is pàighidhean

Bidh aig a h-uile buidheann soirbheachail ri eadar a dhà agus ceithir aithisgean adhartais a chur a-steach gach bliadhna-ionmhais, a’ toirt mion-fhiosrachadh air an obair a chaidh a dhèanamh san ùine aithris, adhartas a dh’ionnsaigh builean, fiosrachadh ionmhasail làithreach agus fianais gu bheil iad a’ gèilleadh ri poileasaidh Obair Chothromach an toiseach aig Riaghaltas na h-Alba.

Feumaidh sibh cuideachd fios air ais a thoirt seachad bho luchd-ùidh san obair agaibh mun bhuaidh a thug e orra.

Bu chòir fianais a thoirt seachad san tagradh agaibh air mar a chruinnicheas sibh am fios air ais seo.

Mar as trice bidh pàighidhean fon aonta maoineachaidh an urra ri bhith a’ cur a-steach na h-aithisgean sin gu dòigheil agus ann an deagh àm, is bidh an tabhartas uile airson a’ bhliadhna-ionmhais air a roinn gu cho-ionnan eadar na pàighidhean seo.

Tuilleadh fiosrachaidh

Airson tuilleadh fiosrachaidh mun mhaoin seo, tadhail air [làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig](#) no cuiribh fios gu tabhartas@gaidhlig.scot.

Faodaidh sibh cuideachd sùil a thoirt air [freagairtean ri cheistean cumanta](#) mu dheidhinn a’ mhaoineachaidh againn air an làrach-lìn againn.

Gheibhear fiosrachadh mu [phrìobhaideachd a thaobh ar sgeamaichean maoineachaidh air an làrach-lìn againn](#).

Gheibhear cruthan eadar-dhealaichte den stiùireadh seo is de dh’fhoirmichean-iarrtais ma thathar ag iarraidh.

A review will take place in autumn of each financial year to assess progress to date on fulfilling the outcomes set in the funding agreement, and this will be presented to the Bòrd na Gàidhlig Board in December. We reserve the right to discontinue funding agreements if you fail to fulfil the outcomes and conditions set out in your funding agreement.

Awards for financial years beyond 2024/25 will be confirmed in the March prior to the financial year in question, after approval by Bòrd na Gàidhlig’s Board and confirmation of Bòrd na Gàidhlig’s budget for the upcoming financial year.

Monitoring, evaluation and payments

All successful organisations will be required to submit between two and four progress reports per financial year, detailing the work undertaken in the reporting period, progress towards outcomes, current financial information and evidence of compliance with the Scottish Government’s Fair Work First policy.

You must also provide feedback from stakeholders in your work as to the impact it has had on them.

Evidence should be provided in your application as to how you will collect this feedback.

Payments under the funding agreement will typically be conditional upon satisfactory and timely submission of these reports, and the total grant for the financial year divided equally between these payments.

More information

For more information about this fund, please visit the [Bòrd na Gàidhlig website](#) or contact Bòrd na Gàidhlig at tabhartas@gaidhlig.scot.

You can also find [answers to frequently asked questions](#) about our funding on our website.

Privacy information [relating to our funding schemes can be found on our website](#).

Alternative forms of this guidance and application forms can be made available on request.

Eachdraidh Faidhle / Version history		
V2	Air ùrachadh le cheangal dhan stiùireadh-measaidh is ceistean foirm-iarrtais / Updated with a corrected link to the assessment guidance and application questions	24 Iuchar / July 2023
V1	Air fhoillseachadh / Published	20 Iuchar / July 2023